



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Aithris Bith-iomadachd Pàrlamaid na h-Alba 2021



parliament.scot

Ro-ràdh le Alison Johnstone BPA, Oifigear Riaghlaidh Pàrlamaid na h-Alba

Agus e air a bhrosnachadh leis an dreach-tìre mun cuairt, dealbhan nan dìthean le Teàrlach Mac an Tòisich, agus na h-eathraichean air am beul fòdhpa air a' chladach, rinn Enric Miralles, fear de dh'aittirean mòra an t-saoghail, dealbh airson Pàrlamaid ùr na h-Alba a bha na thogalach, thuirt e, a bha “a' fàs a-mach às an fhearann”.

B' e an sealladh a bh' aige dreach-tìre far an robh dìtheanan fiadhain, craobhan agus preasan dùthchasach na h-Alba gan cur. Shònraich e gun cleachdte feòir is craobhan fiadhain a bha san àite mar-thà cho math ri craobhan a' riochdachadh nan craobh a tha rim faotainn air feadh na h-Alba, a' fighe a-steach agus a' ceangal ri eisteachaig creagan Salisbury dlùth ri làimh, agus a' riochdachadh tìr na h-Alba san fharsaingeachd.

Tha a' Phàrlamaid a' dèanamh a d'ichill gus dèanamh cinnteach gu bheil a fearann agus an dòigh sa bheil e air a stiùireadh is air a chleachdadh a' toirt deagh bhuaidh air cùisean ann an co-theacsa èiginn na bith-iomadachd agus na gnàth-shìde.

Tha Buidheann Chorpóra Pàrlamaid na h-Alba a' cumail oirre a' gleidheadh an fhearainn aice leis an amas bith-iomadachd an àite a chuideachadh is a bhrosnachadh.

Na dealbhan uile (c) Buidheann Chorpóra Pàrlamaid na h-Alba

Dh'fhoillsich sinn aithris ann an 2018/19 a' nochdadh mar a choilean sinn an dleastanas mu bhith-iomadachd ann an Achd Glèidhteachas Nàdair (Alba) 2004 a chuireas dleastanas reachdail air a h-uile buidheann san roinn phoblaich ann an Alba gleidheadh bith-iomadachd a chur air adhart.

An seo tha sinn a' nochdadh an adhartais a rinn sinn agus na tha san amharc againn gus a' bhith-iomadachd timcheall air Pàrlamaid na h-Alba a mheudachadh.



Rianachd Bith-iomadachd aig Pàrlamaid na h-Alba

Tha a h-uile nì bèò a' cruthachadh cothromachadh anns na coimhearsnachdan aca fhèin, agus is e an eugsamhlachd seo de bheatha an rud ris an can sinn bith-iomadachd.

Tha bith-iomadachd deatamach gus an tig sinn beò agus na tomhas bunaiteach air slàinte na planaid againn. Tha e cudromach uime sin gun tèid aig Pàrlamaid na h-Alba air fàs a thoirt air bith-iomadachd agus taic a chur rithe ann an dòigh sam bith san urrainn dhi.

Tha Pàrlamaid na h-Alba air a togail air làrach raoin-ruaidh far am biodh taigh-grùide Scottish and Newcastle, agus mar sin cha deach fearann-uaine a chleachdadh. Bho nochd i tha a' Phàrlamaid air bith-iomadachd na làraich a mheudachadh.



Dealbhadh-tìre

Gus am beachd gum biodh togalach na Pàrlamaid a' fàs às an fhearann a thoirt gu buil, thathar air sgrathan agus 'geugan-concraid' air an còmhdach le feur a chur air mòran de na structaran.

A bharrachd air na raointean dealbhaidh-thìre phoblaich, tha glasach dùthchasach, coltach ris na th' ann am Pàirc Thaigh an Ròid, a' còmhdach pàirc-charbadan agus nan structaran gu h-ìseal aig a' Phàrlamaid gu ìre cuideachd. 'S e feur a tha san dealbh-tìre air a' chuid as motha le suidheachain cloiche-gràin gan cur a-steach anns na conturan agus na cabhsairean.

Ann am pròiseact sònraichte o chionn ghoirid chaidh còig deug de chraobhan ùra a chur timcheall air iomall na Pàrlamaid.

Tha dealbhadh-tìre bog – leithid le craobhan – gu math feumail aig gu leòr ìrean – tha e a' cur taic ri bith-iomadachd, gu sònraichte mas e gnè ionadail a thathar a' cur. Tha feur is preasan a cheart cho èifeachdach ri craobhan air atharrachadh dà-ogsaid carboin. Tha de bhuannachd a bharrachd aig dealbhadh-tìre bog gum bi e a' lùghdachadh gluasad uisge na talmhainn gus bleith a chumail aig an ìre as ìsle.

Chan eil puinnsean bhiastagan, stuth-mathachaidh, no mòine sam bith gan cleachdadh air an làraich leis an luchd-chùmhnaint againn.

Cli. Sealladh bhon adhar de Phàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann, a' sealltainn bho Chreagan Salisbury thairis air na lòintean agus an dealbhadh-tìre air Caolraid nan Each.



Cur nan dìthean fiadhain

Tha feum aig seilleanan, dealanan-dè agus biastagan eile air dìtheanan fiadhain mar sholar deatamach bidhe. Tha cluaintean nan dìthean fiadhain air lùghdachadh gu mòr ann an Alba, agus mar sin tha cur nan dìthean fiadhain anns na bailtean na chuideachadh mòr do dh'fhìadh-bheatha. A bharrachd air a bhith a' dèanamh àrainneachd chàilear far am faod daoine a bhith, tha e cuideachd a' sealltainn rùn leanmhainneach Pàrlamaid na h-Alba taic a chur ri bith-iomadachd agus a brosnachadh.

Thathar air dìtheanan fiadhain, preasan, feur fiadhain, agus craobhan a bhuineas do dh'Alba bho dhùthchas a chur air mòran de raon dealbhadh-tìre Pàrlamaid na h-Alba. Chaidh cluaintean nan dìthean fiadhain a dhealbhadh mar choimeas ri faichean nan rèidhlean feòir agus lusan ann mar an Grian-ris Liath, an Coirean Leantalach, an Greaban, agus Crobh-preachain an Lòin.

Ag obair le Lios Rìoghail Dhùn Èideann, tha luchd-obrach saor-thoileach aig a' Phàrlamaid air Lus nam Ban-sìth, Cìrean-coilich is Coirean Bàn, Lus na Nathrach agus Mùisean a chur. Bidh sinn a' cur sìl Bodach nan Claigeann a chuideachadh gus rian a chumail air an fheur agus an cothrom a thoirt do lusan fiadhain eile cinntinn. Bidh cur nan dìthean fiadhain a' meudachadh bith-iomadachd anns an raon, a' toirt seachad àrainn a chuidicheas gus barrachd bhiastagan a thàladh ri linn mìosan an t-samhraidh.

Deas. Feur agus dìtheanan fiadhain ann am Fearann Pàrlamaid na h-Alba.

Craobhan

Tha fearann na Pàrlamaid mar dhachaigh do chaochladh chraobh, bho ghnèithean mòra mar an Darach, gu feadhainn nas lugha mar a' Bheith, Craobh nan Ubhal agus an Caorann.

Tha Eilean Arainn mar dhachaigh do thrì gnèithean den Chaorann, an Gall-uinnseann Arainneach, An Gall-uinnseann Arainneach Eag-dhuilleagach, agus Gall-uinnseann Chatagail. Tha na gnèithean seo air fàs san eilean bhon eigheachadh mu dheireadh, mu 10,000 bliadhna air ais. Tha iad am measg nan gnèithean de chraobhan as motha ann an cunnart anns an t-saoghal. Ann an com-pàirteachas ri Lios Rìoghail Dhùn Èideann, thathar air Caorainn Arainneach a chur air oighreachd na Pàrlamaid, a chuideachadh gus a' ghnè a dhion agus a shàbhaladh.

Tha e deatamach fhèin gun tèid na craobhan uile a ghleidheadh agus a rianachd gu seasmhach, gu h-àraidh sna bailtean, leis gu bheil iad a' toirt ogsaidean dhuinn, a' gleidheadh carbon, a' bunailteachadh na h-ùire agus a' cumail taic ri fiadh-bheatha.

Tha sinn an dùil barrachd dìthean a chur san raon timcheall air taighean-sheillean na Pàrlamaid.





Pròiseact nan Dealan-dè

Ann an 2005, chaidh an t-Argas Donn Tuathach, ‘dealan-dè Dhùn Èideann’ a lorg às ùr aig Taigh an Ròid, an dèidh dha dol à sealladh ann an 1869 mar thoradh air cus cruinneachaidh agus atharrachaidhean air cleachdadh an fhearainn aig Taigh an Ròid, leithid togail an rathaid tron choimhearsnachd làidir mu dheireadh den ghnè.

Fhuair gleidheadh an Argais Dhuinn Thuathaich cuideachadh bho phròiseact ‘Meatair Ceàrnagach’. Tha ‘Meatair Ceàrnagach nan Dealan-dè’ na chom-pàirteachas eadar Lios Rìoghail Dhùn Èideann agus Luchd-gleidhidh Dealanan-dè na h-Alba. Fon phròiseact tha an Grian-ròs Liath, an lus-bidhe as annsa le bratagan nan dealan-dè, ga chur air mullaichean uaine timcheall air Suidhe Artair agus nas fhaide air falbh gus brosnachadh a thoirt dhan fheadhainn a tha sa Phàirc Rìoghail an-dràsta leudachadh agus tuineachadh anns na h-àrainnean seo air an ùr-chruthachadh.

Tha an Grian-ròs Liath ga chur air na mullaichean uaine againn, a’ cuideachadh gus àireamhan bratagan an Argais Dhuinn Thuathaich a mheudachadh.



Bogsaichean nan Eun agus nan Ialtagan

Thathar air grunnan bhogsaichean do na h-eòin is na h-ialtagan a stèidheachadh fo sgàil nan craobh timcheall air oighreachd na Pàrlamaid, le ath-bhreithneachadh agus planaichean gun tèid barrachd bhogsaichean a chur suas. Thèid suirbhidh air na h-ialtagan a dhèanamh san fhearann cuideachd.





Taighean nan seillean

Mar am poileanadair bàrr-bidhe as cudromaiche san t-saoghal, tha seilleanan deatamach fhèin. Thathar a' meas gu bheil trian den bhiadh dh'itheas sinn gach là an crochadh air poileanachadh le seilleanan air a' chuid as motha, ach cuideachd le biastagan eile, eòin agus ialtagan.

Ann an 2014, b' e Pàrlamaid na h-Alba a' chiad reachdadaireachd san t-saoghal far an robh taighean-sheillean. Tha 12 thaigh-sheillean air an làraich againn a-nis. Tha cothrom math aig na seilleanan air an duilleach gu lèir air feadh Pàirc Thaigh an Ròid agus Suidhe Artair, cho math ris na lusan is na dìtheanan ann an cluaintean nan dìthean fiadhain aig a' Phàrlamaid. Tha na seilleanan agus taighean nan seillean gan rianachd le gnìomhachas ionadail ga ruith le teaghlach. Is e taigh-sheillean Mhic a' Ghobhainn a thathar a' cleachdadh, taigh a tha freagarrach do shìde na h-Alba, aig Pàrlamaid na h-Alba.

Bithear a' cleachdadh cèir nan seillean (a tha mar thoradh air cumail nan seillean) gus Seula Mòr na h-Alba a lionadh agus seula a chur ri gach a' chuid le Pàrlamaid na h-Alba bho nochd i – còrr is 200.

Deas. Tricia Marwick a bha na h-Oifigear Riaghlaidh le frèam sheillean.

Sgudal agus Ath-chuartachadh

Tha siostam cuimseach ath-chuartachaidh an gnìomh aig Pàrlamaid na h-Alba, agus is e an t-amas againn a bhith nar Pàrlamaid Sgudail Neoni, is e sin ri ràdh, cur às dhan sgudal a thèid gu lìonadh-talmhainn air a' cheann thall. A rèir ro-innleachd Eaconamaidh Chearcallach na h-Alba, tha sinn a' gluasad bho 'gabh, dèan agus cuidhtich' gu 'lùghdaich, ath-chleachd agus ath-chuartaich'.

Tha sgudal uaine na Pàrlamaid ga chompostachadh agus ga chur air raointean-feuraich ann an sgìre Lodainn an Iar.





Seirbheisean Bìdh

Tha an cunradair bìdh againn a' cumail ris a' chleachdadh as fheàrr gus taic a chumail ri Pàrlamaid na h-Alba agus bith-iomadachd a mheudachadh. Tha am poileasaidh ceannachd eiticeil aca a' gabhail a-steach a bhith a' ceannach dìreach ola pailm sheasmhach, tha an cofaidh a cheannaicheas iad trì-theistinichte, is e a' tighinn bho luchd-fàis Rainforest Alliance, Malairt Chothromach agus le teisteanas organach. Tha iad a' cur sgeamaichean air adhart gu gnìomhach, mar a bhith a' toirt cothrom dhan luchd-obrach bloighean bleith cofaidh a chruinneachadh rin compostachadh anns a' ghàrradh, a' cuideachadh gus sruth an sgudail air an làraich a lùghdachadh. Is e 'glasraich ghrànda' a chleachdas iad ann an còcaireachd – stuth a b' àbhaist a dhiùltadh ann an solar bìdh agus a thilgeil san sgudal.

Tha an luchd-solarachaidh againn a' brosnachadh gluasad air falbh bho phlastaig aon chleachdaidh, le mar eisimpleir cìs air cupannan deoch theth nach eilear a' cleachdadh ach aon turas, a' cuideachadh an uair sin gus caitheamh uisge is ceimig a lùghdachadh ann an nighe nan soithichean.

Ag obair leis a' chunradair againn tha sinn a' sealltainn air dòighean a bharrachd gus leasachadh a thoirt air mar a dh'obraicheas seirbheisean solarachaidh gu seasmhach, mar eisimpleir mar a nì sinn barrachd isleachaidh air sgudal bidhe agus plastaig aon chleachdaidh.



Solar Seasmhach

Tha poileasaidh aig Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba an droch bhuidh air an àrainneachd a chumail aig an ìre as ìsle le bhith a' ceannach ann an dòigh a tha mothachail air an àrainneachd.

Tha ath-bhreithneachadh air cùmhnantan agus solaraidhean dhan Phàrlamaid na amas bunaiteach gus a' bhuidh a bheir am bathar agus na seirbheisean a cheannaicheas a' Phàrlamaid a mheas. Tha seo a' gabhail a-steach mar as urrainn dhuinn am feum as motha thoirt à goireasan bith-eòlach nar cuid shèineachan-solair agus an droch bhuidh eag-eòlach sna sèineachan-solair seo a chumail aig an ìre as ìsle le cleachdaidhean seasmhach, agus mar a bheir sinn am feum as motha às an dleastanas mu Bhuannachd dhan Choimhearsnachd sa chùmhnannt dealbhadh-tìre againn ann an com-pàirteachas ris a' chunradair againn.



Sustain Network

Tha Sustain Network na lìonra neo-fhoirmeil don luchd-obrach againn aig a bheil ùidh ann an ceistean àrainneachd is seasmhachd gus cleachdaidhean-obrach nas seasmhaiche a dheasbad agus a chur air adhart agus a' Phàrlamaid a chuideachadh gus buaidh air an àrainneachd agus sgaoilidhean a lùghdachadh. Tha Sustain Network ag iarraidh cothroman a chur air adhart dhan luchd-obrach barrachd ionnsachadh mu cheistean seasmhachd agus na gnìomhan a dh'fhaodas iad gabhail fa leth agus còmhla mar ionad-obrach gus leasachadh a thoirt air bith-iomadachd. Tha e mar amas aig an Lìonra cuideachd cothroman a thoirt dhan luchd-obrach obair shaor-thoileach a dhèanamh a leigeas leotha cur ri meudachadh bith-iomadachd agus aig an aon àm cothrom fhaighinn air nàdar agus leasachadh a thoirt air sunnd.

Eadar-mhìneachadh

Tha e cudromach gun dèan sinn ceangal ris a' phoball agus ri luchd-tadhail dhan làraich ann an Taigh an Ròid, leis an amas cur ris an ìre de thuigse agus de cheangal eadar daoine agus nàdar. Cuiridh sinn ri àireamh nan clàr-mhìneachaidh anns na raointean dealbhaidh-thìre, a' toirt barrachd fiosrachaidh air farsaingeachd nan lus is nam beathaichean timcheall air a' Phàrlamaid.




Mapa-slighe Bith-iomadachd

Mar a mheudaicheas is a chuireas sinn taic ris a' bhith-iomadachd air an làraich againn, mar as urrainn dhuinn a' bhuidh a bheir sinn air bith-iomadachd air feadh na cruinne a chur aig an ìre as lugha, agus mar a bheir sinn leasachadh air eòlas na coimhearsnachd air fiadh-bheatha ionadail.

2021

- Aithris ùr mu Bhith-iomadachd ga cur air bhog




2022

- Cur sa chluain-fhiadhain ann an Gàrradh nam Ball
- Ath-bhreithneachadh air cùmhnantan agus luchd-solair gus a' bhuidh a bheir bathar is seirbheisean air an ceannach air bith-iomadachd fhaighinn a-mach
- Luchd-obrach a' cur dhitheanan-fiadhain



2023

- Suirbhidh air Bith-iomadachd ann am Fearann Pàrlamaid na h-Alba
- Ath-bhreithnich is leudaich air àireamh nan Clàr-mìneachaidh anns na raointean dealbhadh-tìre
- Cur dhitheanan-fiadhain ann am fearainn Pàrlamaid na h-Alba le taic bho Ghàrradh Rìoghail nan Lus
- Ath-sgrùdadh air taighean nan eun is nan ialtagan san raon dealbhadh-tìre
- Dèan suirbhidh air na h-ialtagan timcheall air fearann na Pàrlamaid
- Ath-bhreithneachadh is meudachadh air Cùmhnant Gleidheadh nan Seillean a tha ri ùrachadh



2024



- Ath-bhreithneachadh air gnèithean ionnsaigheach agus luibhearnach
- Ath-bhreithneachadh air rianachd dealbhadh-tìre
- Luchd-obrach a' cur dhitheanan-fiadhaich

2025



- Suirbhidh air Bith-iomadachd
- Ath-bhreithneachadh air Aithris Bith-iomadachd 2021





Prìomh Ghnìomhan agus Rudan rin Lìbhrigeadh airson 2022-2025



Suirbhidh air beatha nan lus an-dràsta, agus na dhèidh sin barrachd dhìthean fiadhain a chur ann am fearann na Pàrlamaid



Suirbhidh air bith-iomadachd ann am fearann na Pàrlamaid a chumail



Ath-bhreithneachadh air bogsaichean nan eun agus nan ialtagan anns an raon dealbhaidh-thìre, bogsaichean a bharrachd



Suirbhidh air na h-ialtagan san fhearann a chumail



Ath-bhreithneachadh agus meudachadh air cùmhnant Cumail nan Seillean



Ath-bhreithneachadh air gnèithean ionnsaigheach agus luibhearnach



Ath-bhreithneachadh air rianachd dealbhaidh-thìre



Ath-bhreithneachadh air cùmhnantan agus solaraichean na Pàrlamaid gus buaidh air bith-iomadachd a mheas



Dòigh-dèiligidh 'Eaconamaidh Chearcallach' a leasachadh le cuideam air casg sgudail agus cleachdadh ghoireasan ann an seagh nas tàbhachdaiche



Leudaich na clàran-mìneachaidh, le barrachd fiosrachaidh do luchd-tadhail mu bhith-iomadachd an àite

